

20 Faoilleach 2026

A phàrant/neach-cùraim chòir

San Dàmhair 2025, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh bho Fhoghlam Alba air Àrd-sgoil Sheumais Ghilleasbuig. Rè an turais againn, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri daoine òga agus dh'obraich sinn gu dlùth còmhla ris a' cheannard-sgoile agus leis an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile.

- Tha an ceannard a' toirt seachad ceannardas ciùin agus àrd-amasach do choimhearsnachd na sgoile. Tha e a' toirt taic èifeachdach do luchd-obrach gus inbhean àrda a chumail suas agus gus sunnd is buileachadh dhaoine òga a leasachadh.
- Tha luchd-obrach agus daoine òga air àrainneachdan ionnsachaidh in-ghabhalta, deimhinneach a thogail far a bheilear a' toirt spèis do chàch a chèile agus anns am bi daoine òga a' soirbheachadh. Tha daoine òga air am brosnachadh gu mòr mar thoradh air na cothroman ionnsachaidh aca, a tha stèidhichte air luachan na sgoile mar bhunait.
- Bidh daoine òga a' cumail suas ìrean glè àrda de bhuileachadh tron ìre as àirde air fad. Tha àrd-cheannardan air taic a chumail ri luchd-obrach gus dòighean-obrach èifeachdach a chruthachadh gus buileachadh nan daoine òga uile a leasachadh barrachd. Tha daoine òga a tha feumach air taic a bharrachd leis an cuid ionnsachaidh agus sunnd a' dèanamh adhartas glè mhath agus a' coileanadh gu math.
- Tha luchd-obrach air obrachadh gu math le raon de chom-pàirtichean èifeachdach gus cur ris na slighean ionnsachaidh dhaoine òga agus ris na cothroman coileanaidh aca. Mar thoradh air seo, tha barrachd dhaoine òga soirbheachail agus tha iad a' coileanadh gu math.
- Tron ìre as àirde air fad, bidh daoine òga a' coileanadh gu math sa Ghàidhlig, agus bidh cha mhòr a h-uile gin dhiubh a' faighinn Teisteanasan Nàiseanta aig ìrean iomchaidh. Tha na builean seo a' nochdadh ceannardas agus spionnadh an dà chuid aig an luchd-obrach agus aig daoine òga gus an cànan adhartachadh agus a chumail suas.

Chaidh na raointean leasachaidh a leanas a chomharrachadh agus chaidh beachdachadh orra leis a' cheannard agus le riochdaire bho Chomhairle Baile Dhùn Èideann.

- Bu chòir do dh'àrd-cheannardan leantainn orra le leasachadh comas an luchd-obrach aig gach ìre gus na leasachaidhean a rinneadh bho chionn ghoirid fhisge a-steach. Bu chòir do dhaoine òga a bhith an sàs nas èifeachdaiche ann an co-dhùnidhean mun sgoil aca.
- Feumaidh luchd-obrach dèanamh cinnteach gum faigh daoine òga barrachd cunbhalachd a thaobh ionnsachadh, teagasg agus measadh de dh'àrd-chàileachd tron sgoil air fad.

Tha seo a' gabhail a-steach ìrean nas ìomchaidh de dh'astar agus de dhùbhlàn san ionnsachadh aca.

- Bu chòir do dh'àrd-cheannardan dòigh-obrach nas cunbhalaiche agus nas ro-innleachdaile a thaobh foghlam bogaidh a chruthachadh le fòcas air leudachadh a' churraicealaim agus air teisteanasan tro mheadhan na Gàidhlig.

Chruinnich sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air obair na sgoile le bhith a' cleachdadh ceithir slatan-tomhais deagh-ghnè à [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4mh eagraan\)](#). Bidh slatan-tomhais deagh-ghnè a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breithneachadh air dè a tha math agus dè a tha feumach air leasachadh. Às dèidh sgrùdadh gach sgoile, bidh Riaghaltas na h-Alba a' tionail mion-fhiosrachadh bho na luachaidhean againn gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

Seo luachaidhean Foghlam Alba airson Àrd-sgoil Sheumais Ghilleasbuig

Slatan-tomhais deagh-ghnè	Luachadh
Ceannardas atharrachaidh	math
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	math
A' dèanamh cinnteach à sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltachd	glè mhath
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	glè mhath
Gheibhear tuairisgeulan air na measaidhean ann an: Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (4mh eagraan) , Pàipear-taice 3: An sgèile sia-puing	

Bidh sgrìobhainn nas mionaidiche, air a bheil Gheàrr-iomradh air Toraidhean Sgrùdaidh (SIF), ri faighinn air làrach-lìn Foghlam Alba aig: [Àrd-sgoil Sheumais Ghilleasbuig | Aithisg Sgrùdaidh | Foghlam Alba](#)

Dè thachras a-nis?

Tha sinn misneachail gu bheil an comas aig an sgoil leantainn orra a' leasachadh. Mar sin, cha tadhail sinn air an sgoil a-rithist an co-cheangal ris an sgrùdadh seo. Cuiridh Comhairle Baile Dhùn Èideann fios gu pàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean aca airson aithris air càileachd nan sgoiltean aca.

Patricia Cameron
Neach-sgrùdaidh an Rìgh